


beatha
le
buaidh


COMING

10/15/03

JK Rowling



beatha le
buaidh



beatha le buaidh

63
62
61
60
59
58
57
56
55

Air fhoillseachadh ann an 2004 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Iomsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riachdaichte air MRG 2004.

An teacs le Ailig O' Henley.

Na dealbhan le Corbis agus Newsquest (Herald and Times) Ltd.

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 1-904730-10-8



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

J K R O W L I N G

Tha JK Rowling ainmeil airson na nobhailean a tha i air a sgriobhadh mu Haraidh Potter. Thuige seo tha i air còrr is 170 millean leabhar a reic air feadh an t-saoghail. Chaidh sgeulachdan Haraidh eadar-theangachadh gu 55 cànan.

Cò a th' ann an JK Rowling?

Rugadh Joanne Kathleen Rowling ann an Chipping Sodbury, faisg air baile Bristol ann an Sasainn. Nuair a bha i beag bhiodh Rowling a' cluiche gheamachan còmhla ri piuthar, Dianne. Bhiodh iad a' cur orra seann aodach agus a' leigeil orra gur e bana-bhuidsichean a bh' annnta. Bha caraid aca, Iain Potter, agus b' e esan an draoidh. A rèir choltais, 's ann às na geamachan seo a thàinig sgeulachdan Haraidh Potter.

4

5

Con òrain den tuin JK Rowling

Rinn i Frangais agus Clasaigs ann an Oilthigh Exeter. An uair sin chaithd i gu Portagail far an robh i a' teagasg Beurla airson greis. Fhad 's a bha i an sin choinnich i ris an duine aice, Jorge Arantas, agus bha nighean bheag aca, Jessica. Ach cha do mhair am pòsadh fada.

Nuair a bha Jessica dìreach ceithir mìosan, għluais Rowling gu baile Dhùn Èideann. Bha a piuthar, Dianne, a-nis a' fuireach an sin.

J K R O W L I N G

Làithean dorcha

B' e àm duilich a bha seo airson Rowling. Cha robh mòran airgid aice agus bha i a' togail Jessica na h-aonar. Bha cùisean cho dona agus gun robh i a' fulang le tinneas inntinn airson greis. Thuit i às dèidh làimh gun tug an tinneas buaidh air an sgriobhadh aice. Tha cuid de na caractaran dorcha anns na nobhailean aice a' dol air ais gun àm seo. Chì thu sin gu sònraichte anns an leabhar, *Harry Potter and The Prisoner Of Azkaban*. Tha creutairean eagalach ann a tha ag obair air an inntinn.

C O M P A S S T U M P

J K R O W L I N G

Turas trèana misneachail

Bha JK Rowling air trèana nuair a smaoinich i air Haraidh an toiseach. Bha i a' siubhal eadar Lunnainn agus Manchester ann an 1990. Thàinig Haraidh agus na caractaran eile na h-inntinn air an t-slighe. An uair sin thòisich i air a' chiad leabhar a sgriobhadh air ais ann an Dùn Èideann.

B' e ainm an leabhair, *Harry Potter and the Philosopher's Stone*. Chaidh mòran den leabhar a sgriobhadh ann an café sa bhaile. Agus fhad 's a bha Rowling a' sgriobhadh, bha Jessica na cadal ri taobh. Bha mòran obair ann agus thug Rowling grunn bhliadhnaichean mus do chuir i crìoch air an leabhar.

J K

R O W L I N G



Con corderia tua am

J K R O W L I N G

Foilseachadh

Cha robh e furasta an leabhar fhoillseachadh ged-tà. Ged a tha i ainmeil an-diugh, cha robh guth air Rowling an uair sin. Chuir i an leabhar air falbh gu mòran chompanaidhean, ach cha robh ùidh aca idir ann. Bha Rowling air misneachd a chall. Ach an uair sin fhuair i fios bho aon chompanaidh – Bloomsbury – gun robh iadsan airson an leabhar a thoirt a-mach. Thug iad £4,000 do Rowling airson a' chiad leabhair. Bha Haraidh agus luath-thrèana Hogwarts a-nis air an slighe.

Ann an clò mu dheireadh thall

Chaidh *Harry Potter and the Philosopher's Stone* fhoillseachadh ann an 1997. Ach thug Bloomsbury rabhadh do Rowling mus do nochd an leabhar. Thuirt iad rithe nach robh airgead mòr idir ann an

J K R O W L I N G



J K R O W L I N G

leabhraichean chloinne. Nach iad a bha ceàrr! Cha robh fada gus an robh an leabhar aig mullach na liosta reice.

Nochd dà leabhar eile an uair sin - *Harry Potter and the Chamber of Secrets* agus *Harry Potter and the Prisoner Of Azkaban*. Chaidh an reic sa bhad. Bha na trì leabhraichean aig mullach na liosta reice, ann am Breatainn agus ann an Ameireaga.

Chaidh filmichean a dhèanamh cuideachd. Bha an cleasaiche ainmeil, Robbie Coltrane, a' cluiche pàirt Hagrid annta. Chaidh pàirt de na filmichean a chlàradh air a' Ghàidhealtachd, faisg air a' Ghearastan. Anns a' bhliadhna 1999 rinn Rowling còrr is £20 millean not. Bha i ainmeil agus beairteach a-nis. Cò a thuirt nach robh airgead ann an leabhraichean chloinne?

J K R O W L I N G

Can eòin tan



13

12


J K R O W L I N G

Carson a tha Haraidh cho soirbheachail?

Dè is coireach gu bheil Haraidh agus Rowling air a bhith cho soirbheachail? Bha mòran a' smaoineachadh nach robh clann ag iarraidh a bhith a' leughadh leabhraichean. Is e coimpiutaran is greamachan a b' fheàrr leotha nach e? Uill, a rèir choltais chan e. Agus tha ùidh aig inbhich anns na leabhraichean aig Rowling cuideachd. Tha na leabhraichean aice furasta an leughadh. Tha iad làn mac-meanmna. Tha buidsichean agus draoidheachd annta. Agus tha iad èibhinn cuideachd.

J K R O W L I N G

Carson a tha Haraidh cho soirbheachail?



14

15

J K R O W L I N G

Dè a-nis airson Haraidh agus JK Rowling?

Thuirt Rowling gun sgrìobhadh i seachd leabhraichean uile gu lèir. Nochd *Harry Potter and The Order Of The Phoenix* ann an 2003. Bha dùil ris an leabhar seo ann an 2001, ach bha duilgheadasan aig Rowling ga sgrìobhadh. Tha i a-nis ag ràdh gu bheil na trioblaidean sin seachad.

Tha JK Rowling air beatha ùr a chruthachadh dhi fhèin ann an Alba. Ann an 2001, phòs i airson an dàrna turas. Is e Niall Moireach an t-ainm a tha air an duine aice agus is e dotair a th' ann. Anns a' Mhàrt 2003 bha gille beag aca, Daibhidh Gordán Rowling Moireach. Tha an dachaigh aca a-nis ann am baile Pheairt.

Conas aon turas JK ROWLING

A rèir choltais tha Rowling air an caibideil mu dheireadh den leabhar mu dheireadh a sgrìobhadh.

Tha i a' gealltainn sgeulachdan mòra. Thuirt i cuideachd gur dòcha gum bàsaich cuid de na prìomh charactaran. Saoil cò a tha a' dol a bhàsachadh ma-tà? An e Hagrid, no Albus Dumbledore no fiù 's Haraidh fhèin? Ge bith dè a thachras tha a h-uile coltas gum bi Haraidh agus JK Rowling còmhla rinn greis mhath fhathast.

R O W L I N G

J K



Can cancer turn a man

